



Social Security  
Scotland

Tèarainteachd Shòisealta Alba

# Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr

## Dè th' ann am Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr?

Is e Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr airgead a thèid a phàigheadh gach ceithir seachdainean gus teaghlaichean le clann òga no a tha an dùil ri pàiste a chuideachadh le cosgais biadh fallain.

## Cò a bhios ga fhaighinn?

Tha Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr airson phàrantan agus luchd-cùraim agus an cèile a tha a' fuireach ann an Alba. Tha e air a phàigheadh fhad 's a bhios tu trom le leanabh agus gus am bi an leanabh 3 a rèir nan slatan-tomhais a leanas:

## Ma tha thu 18 no nas sine agus gu bheil thu fhèin no do chèile a' faighinn aon de na sochairean seo:

- Creideas Coitcheann
- Creideas Cìse Cloinne
- Creideas Cìse Obrach
- Sochair Taigheadais
- Taic Teachd a-steach
- Creideas Peinnsein
- Cuibhreann Sireadair Obrach (JSA) stèidhichte air teachd a-steach
- Cuibhreann Cosnaidh is Taic (ESA) stèidhichte air teachd a-steach.

## Ma tha thu fo aois 18:

Chan fheum thu a bhith a' faighinn gin de na sochairean a tha a dhìth dhaibhsan aois 18 no nas sine. Gheibh thu Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr ma tha thu trom no ma tha leanabh agad fo aois 3 ge bith dè an teachd a-steach agad. Faodaidh tu cuideachd cur a-steach air a shon mas e do chèile a tha trom, eadhon ged a tha iad 18 no nas sine.

## Ma tha thu 18 no 19, chan fheum thu a bhith a' faighinn gin de na sochairean air an liostadh ma gheibh do phàrant no neach-cùraim aon de na sochairean seo dhut:

- Sochair Cloinne
- Creideas Cìse Cloinne
- Eileamaid cloinne de Chreideas Coitcheann
- Leudachadh cloinne airson Creideas Peinnsein

## Ma tha thu a' coimhead às dèidh cuideigin a tha trom le leanabh agus iad 18 no 19, tha thu ion-roghnach cuideachd ma gheibh thu aon de na sochairean air an liostadh gu h-ìosal air an son:

- Sochair Cloinne
- Creideas Cìse Cloinne
- Eileamaid cloinne de Chreideas Coitcheann
- Leudachadh cloinne airson Creideas Peinnsein

Duilleag  
Fiosrachaidh

[mygov.scot/beststartfoods](https://mygov.scot/beststartfoods)

## Cia mheud pàiste anns gach teaghlach a tha ion-roghnach air pàigheadh?

Nuair a tha thu trom le leanabh gheibh thu pàigheadh airson gach leatromachd, ge bith an e leatromachd shingilte no ioma-leatromachd a th' ann. Nuair a tha clann air am breith, tha e air a phàigheadh airson gach pàiste agus chan eil crìoch air cia mheud leanabh a gheibh am pàigheadh.

## Ciamar a tha e ga phàigheadh agus dè a gheibh mi?

Bidh na pàighidhean an urra ri dè cho fada air adhart san leatromachd a tha thu agus dè an aois a tha do phàiste. Tha e air a phàigheadh gach ceithir seachdainean air cairt chip is pin ro-phàighte. Is e an t-suim £19.80 gach ceithir seachdainean fhad 's a tha thu trom agus airson clann sam bith eadar 1 agus 3 bliadhna a dh'aois. Bidh am pàigheadh seo ag èirigh gu £39.60 airson pàiste sam bith fo aois 1.

## Dè as urrainn dhomh ceannach leis a' chairt agam?

Faodar a' chairt a chleachdadh airson bainne agus biadh fallain a cheannach, a' toirt a-steach uighean, measan, glasraich agus pònairean. Faodar a chleachdadh cuideachd airson a' chiad bhainne foirmele leanabh a cheannach.

## Càite am faod mi a' chairt a chleachdadh?

Thathas a' gabhail cairtean Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr anns a h-uile mòr-bhùth a' gabhail a-steach Asda, Tesco, Morrison's, Aldi, Lidl, agus Iceland. Thathas cuideachd ga gabhail ann am bùthan beaga air feadh na h-Alba a' gabhail a-steach meuran de Spar, Keystore agus Premier. Mura h-eil thu cinnteach, cuir fios dhan neach-reic ionadail no neach-bùtha agad.

## Ciamar a chì mi na th' agam de dh'airgead air a' chairt?

Faodaidh tu na th' agad fhaicinn air-loidhne aig [www.allpayprepaid.net](http://www.allpayprepaid.net), aig inneal-airgid no le bhith a' fònachd allpay air 0808 196 1687.

## Ciamar a chuirear a-steach air a shon?

Faodaidh tu cur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot](http://mygov.scot), tron loidhne-chuideachaidh an-asgaidh againn air 0800 182 2222 no tron phost. Faodaidh tu cuideachd coinneamh aghaidh-ri-aghaidh a chur air dòigh le comhairliche aig àm agus àite a tha iomchaidh dhut.

## Dè an fhianais a bhios a dhìth?

Bidh e comasach dhan mhòr-chuid cur a-steach air a shon gun fianais sam bith a chur thugainn. Ma dh'fheumas sinn fiosrachadh a sgrùdadh le HMRC (Teachd-a-steach is Cusbainn an Rìgh) no Roinn na h-Obrach is nam Peinnean, nì sinn sin.

## An toir e buaidh air sochairean eile?

Cha toir. Chan eilear a' cunntadh Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr ann am measadh sam bith eile airson sochairean no creideas-cìse.



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu fhaighinn, tadhail air [gov.scot/costoflivingsupport](http://gov.scot/costoflivingsupport). No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](http://contactscotland-bsl.org)



Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](http://chat.socialsecurity.gov.scot)